

2019 - Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Cànanan Dùthchasach

'B e 2019, Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Cànanan Dùthchasach aig UNESCO.

'S e Fòram Maireannach nan Cànanan Dùthchasach - buidheann leis an UN – a mhol fòcas air **cànanan dùthchasach**. Thuirt iad ann an 2016 gun robh 40%, no 2680, de chànanan an t-saoghail ann an cunnart a **dhòl à bith**.

Thug Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Cànanan Dùthchasach cothrom **cànanan dùthchasach** a chur air adhart agus a **dhìon**, piseach a thoirt air beatha an **luchd-labhairt**, agus amasan Foillseachadh an UN air Còraichean Sluaghan Dùthchasach a choileanadh.

